

UNIVERSITY OF GLASGOW



CELTIC DEPARTMENTAL

LIBRARY

Gifted by Mrs. C. MacLeod, from  
the Library of Dr. D. J. MacLeod.

APS. 4.84.14

Fr Allan MacDonald

To Miss Thomson,  
from Fr Allan.

# LAOIDHEAN CAITLICEACH

AIRSON CHLOINNE.

---

LE CEAD AN EASBUIG.

---

OBAN:

PRINTED AT THE "OBAN TIMES" OFFICE, ESPLANADE.

1889.

National Library of Scotland



\*B000261289\*



## AN AIFRIONN.

---

### 1. *Romh 'n Aifrinn.*

A Dhia, thoir dhuinn na gràsan  
'Bhith cuimhneach co tha 'làthair;  
'Bhith cuimhneach air an Iobairt  
A thairg Thu uair do Bhàis.  
'S ionann là a' cheusaidh  
Is Aifrionn naomh an àigh,  
'S ionann Uan nan Iobairt,—  
Mac Mhoire mhìn nan gràs.  
Tha sinne 'so gu d'aoradh  
'S gu d'mholadh mar is còir,  
Gu taing thoirt dhut, 's gur lionor  
Na gibhtean 'chuir thu oirn.  
Tha sinne 'g iarraidh trocaire  
Mu'n ditcar sinn 's a' mhòid;  
Gabh truas ri peacaich bhochda,  
'S an anmannan fo bhròn.  
'Si an Aifrionn Iobairt Iarrtais  
A dh'orduich Dia dha fhéin,  
Gu fuasgladh air gach duine

Dh'iarradh fuasgladh n' a fheum :  
 Tha sinne, 'Dhia, ag ùrnaigh  
 Thu dh'fhuasgladh oirnn gu léir  
 'N ar n-aineolas, 'n ar bochduinne,  
 'N ar n-euslaintean 's 'n ar creuchd.

'S na caoraich bhochd as aonais  
 A' chrò a choisrig Dia,  
 Na creidich 'dol gu breitheanas,  
 'S am bàs 'toirt bhuap' an ciall,  
 'S na h-anmannan dileas  
 Nach do dhiol tur am fach,  
 Seall air fuil an Uain ghil  
 Is fuasgail orra 'Dhia.

2. *Aig "Confiteor" is "Kyrie."*

Tha mi 'g aideachadh mo lochdan,  
 'Choisinn corruich dhomh bho Dhia,  
 Is tha an t-aithreachas 'g am lèonadh  
 Thaobh gach olc a rinn mi riamh.  
 Thug Thu mathanas do'n ostal,  
 Ceannard air an da-fhear-dhiag;  
 Orms' dian trocair 'thaobh na dhòirt Thu  
 Dh'fhuil gu m'dhobheairtean thoirt dhìom.

3. *Aig an t-Soisgeul 's a' Chreud.*

Tha sinn 'seasamh aig an t-soisgeul  
 Gu bhith deas gu 'chur an gnìomh ;  
 Cha toir nàire no eagal oirne

Cùl a chur ri creideamh Chrìosd.  
 'S daor a cheannaich Mac na h-Oighe  
 An creideamh glòrmhor 's ro-mhòr fiach ;  
 Cha choimeas idir luach an òir  
 Ris an fhuil a dhòirt o 'chliabh.

4. *Aig an Tairgse 's an "Lavabo."*

Chi mi aran air an Altair,  
 'S anns a' chailis chi mi fion ;  
 Bìidh iad air an tionndadh fhathasd  
 Gu fìor eòrp is fìor fhuil Chrìosd.  
 Nigh mo chridhe, fàg gun smal e,—  
 'S lionor lochd bh'air m'anam riamh ;  
 Ach, ma 's àill leat, nì Thu m'ghlanadh,  
 Chionn tha'n comas agads, 'Ios'.

5. *Aig an "Sanctus."*

Is naomh, naomh, naomh  
 Thu, 'Thighearna Dhia nan slògh  
 Tha neamh is talamh làn  
 De d'mhòrachd is de d'ghlòir.

6. *Aig "Memento" nam beò.*

Beannaich an Eaglais is beannaich an Pàp,  
 Beannaich ar n-casbuig is beannaich a' chléir,  
 Beannaich ar pàrantan, beannaich ar braithrean,  
 Beannaich ar càirdean 's ar naimhdean gu léir.

7. *'Nuair a bhuaileas an clag romh àm a' Choisrigidh.*

Smaointean fuadain cuir air chùl,  
 Crom do cheann is lùb do ghlùn ;  
 Oir tha an Ti a'tighinn dlùth,  
 An Ti a's mac do Rìgh nan dùl.

8. *Aig a' Choisrigeadh.*

Fàilte dhut, Annlainn uasail !  
 Fàilte dhut a Chuirp a cheusadh !  
 A dh'fhuilig geur dhòruinn gu'r saoradh.  
 'Chuirp Mhic Dhe, di do bheatha !  
 Bhona 's Tu Rìgh gach rath  
 'S Tu an neart nach crìon  
 Fad thràth bi-bhuan ;  
 Fuasgail oirnn 'n ar n-airc a nis'  
 Agus dìon sinn aig uair a' bhàis. Amen.

Fàilte dhut, fìor-Fhuil' uasail !  
 'Dhòrtadh a nuas a creuchd an Tighearna !  
 A chaidh 's a' chroich airson an duine,  
 'S a dh' fhuilig a thaobh a tholladh,  
 'S a shil tonna fala !  
 A Mhic ionmhuinn, cuir h-ugainn do ghràsan,  
 Agus dìon sinn aig uair a' bhàis. Amen.

9. *Eadar àm a' Choisrigidh 's a' Phaidir.*

Glac, a Thighearn, 'an Iobairt uasal,  
 'N Iobairt fhìor-ghlan, 'n Iobairt luachor—  
 Uan do ghràidh-sa—an deagh bhuachail' ;

'S beannaich a thread 'tha 'n so mu'n cuairt da.  
 Na h-anmannan bochd 's an dòruinn,  
 Mùch an " teine 'tha 'g am fiachainn "  
 Anns na tonnan fala 'dhòirt thu,  
 "'S dearrsadh orra solus sìorruith."

10. *Aig a' Phaidir.*

Ar n-Athair a thà air neamh, &c.

11. *Eadar a' Phaidir agus "Agnus Dei."*

Teasraig sinn bho'n h-uile do-bheairt  
 Bh' ann, a th'ann, no 'bhitheas ;  
 Cuidich leinn le neart do thròcair,  
 Is fògair geilt ar cridhe.

12. *Eadar "Agnus Dei" agus "Domine, non sum dignus."*

Dh' fhàg thu sìth aig d' Ostail dhileas,  
 'S faigheamsa mo chòir dhe'n dileab ;  
 Riaghail le d' ghràsan 'n Eaglais dhìlinn,  
 'S thoir gach cinneadh 'stigh fo 'dìdeann.

Leasaich thu an cron rinn Adhamh,  
 Dh'fhosgail thu dhuinn dorus Phàrais ;  
 Leanaidh mi gu dlùth na fàintean,  
 'S buanaichidh mi duais do chàirdean.

Biodh do chorp 'n a leigheas dhomhsa,  
 Dionadh e mi ri uchd-comhraig ;  
 Deònaich a bhith leam 'g am chomhnadh  
 'N àm do'n bhàs 'bhith tighinn 'am chòmhail.



13. *Aig àm na Comainne.*

'Anma Chrìosta, naomhaich mi,  
 A chuirp Chrìosta, sàbhail mi.  
 'Fhuil Chrìosta, sàthaich mi.  
 'Uisge thaoibh Chrìosta, glan mi.  
 A Phàis Chrìosta, neartaich mi.  
 'Iosa mhath, gu gràsor éisd rium.  
 Ann ad lotan falaich mi.  
 Na fuilig mo sgaradh bhuat.  
 Bho'n nàmhaid aingidh teasraig mi.  
 Aig uair mo bhàis gairm mi.  
 Agus òrdaich mi 'thighinn 'ad ionnsuidh.  
 Gu bith maille ri d' naoimh a' toirt cliù dhut  
 Fad shaoghal nan saoghal. Amen.

---

'Crochadh fuilteach ri crann-ceusaidh,  
 'S léir co-dhiu le sluagh do dhaondachd.  
 Ceilte nis' tha 'n daondachd cuideachd—  
 S' innleachd chumbachdach dhe 'd ghaol e.  
 Cha léir dhomhs' na creuchdan domhain  
 'Tholladh unnad leis na tàirnean,  
 Ach cha bhi mi mar bha Tòmas ;  
 Foghnaidh dhomhsa briathar mo Shlànaìr.  
 'S iad na briathran 'shruth bho 'bhial-sa,  
 Blasd' mar mheal bho chuach an t-seillein :  
 'S so mo Chorp-s' is Cailis m' Fhuilse—  
 Briathar na Firinn co nach geill dha !

14. *Aig a' Bheannachd.*

Tog an lamh a choisrig Dia,  
 An lamh a bhean do chorp an Tighearna.  
 Beannaich am pobull 'thug Dia dhut,  
 'S a bheannachd dhut fhein gu siorruith.

15. *Gnìomh Buidheachais.*

Cliu do'n Athair, cliu do'n Mhac,  
 Cliu do'n Spiorad neartor naomh.  
 Trianaid chumhachdach nam feart  
 Molamaid mu seach 's mar aon. Amen.

## LAOIDH AIRSON LA NOLLAIG.

(*A Rìgh nan ainglean*).

1. A Rìgh nan ainglean 's a Rìgh nan daoine!  
 'S a Rìgh mo ghaoil! tha d'fhardach fuar  
 Cha n-aros rioghail a b'fhearr leat, Iosa,  
 Ach fuachd is isleachd 'am fàsadh uamh'.

FONN.—A Rìgh nan ainglean, &c.

2. Gaol do mhathar cumaidh blàs riut,  
 Moire mhìn 'tha naomh thar chàich,  
 'S a cridhe gaolach a sior-thoirt aoraidh  
 Do h-aon mhac àluinn nan uile ghràs.

3. Is ceòl binn-fhuaimneach 'tha 'n dràsda 'gluasad  
     'San iarmailt shuas 'tha laist' le glòir,  
 Gun d'aom Messia bha 'dhùil bho linntean  
     A' sgaoileadh sìth 's g'ar saor' o bhròn.
4. Biodh luach gun innse 'an ionntas Rìghrean,  
     Or is sìoda agus storas leug ;  
 Tha gaol is dìlseachd 's an stàbull ìseal,  
     'S gach seud 'tha prìseil o ionntas Dhè.

---

## FAILTE AIR REUL NA MARA

*(Ave Maris Stella).*

1. Fàilt air Reul na mara,  
     'Mhàthair chaomh mo Dhè ;  
 Fàilte, Oigh gun smal ort,  
     'Dh' fhàg dhuinn Pàras reidh.
2. Eisd, a mhàthair, an fhàilt'  
     Tha'n t-Aingeal Gabriel 'seinn ;  
 Steidhich sinn 'an sìth,  
     Atharraich ainm Eubh.
3. Fuasgail cuibhreach pheacach,  
     Soillsich dhaibhs 'nach lèir,  
 Fuadaich bhuainn gach eucoir,  
     Stiùir gach math 'n ar ceum.

4. Dearbh thu fhéin 'n ad mhàthair ;  
Eireadh bhuats' ar n-eigh  
Dhasa' 'rugadh dhuinne,  
Bha 'n a mhac dhut fhéin.
  5. 'Oigh nan gràsan sonraichte,  
Ciùin os cionn gach té,  
Fuasgail sinn bho'r lochdan,  
Faigh dhuinn sìth is beus.
  6. Faigh dhuinn geimneachd beatha,  
Nochd an t-sligh' 'tha reidh,  
Los gum faic sinn Iosa  
Sona leats' air nèamh.
  7. Moladh bhuainn do'n Athair,  
Luaidh do mhac ar Dé  
Cliù maraon do'n Spiorad  
Do'n triùir mar ionann spéis. Amen.
- 

## REUL ALUINN A' CHUAIN.

1. A Mhaighdinn a's gile, a Mhoire mhin-mhàthair,  
'Nad chomsa 'n a aonar bha 'n Slànair a' tàmh ;  
Tha 'n oidhche, a Mhoire, air tuiteam mu'n cuairt,  
Nach nochd thu do shoillse, Reul àluinn a chuain ?
2. Tha'n oidhche le neulaibh a' comhdach' an  
t-saoghail

Tha bratach an dorchadais sgaoilt' anns a' ghaoith,  
 Tha'n Eaglais 'ga buaireadh, 's tha'sùil' coimhead suas,  
 Nach nochd thu do shoillse, Reul àluinn a' chuain ?

3. Bu léir do mhac Dé d'anam geal 's e gun bheud,  
 'S nachd' thàinig am peacadh 'na chòir ghabhail seilbh;  
 Cha d'bhuin e bho thùs ach do'n Tighearna 'as uails',  
 Is choisrig e d' shoillse, Reul àluinn a' chuain.
4. An talamh cha d'thug ach aon fhasgadh do Dhia,  
 Am fhasgadh sin éridhe na h-Oigh' beannaicht' fial;  
 Bha fàrdach mhic Dé agus fhasgadh nan truagh  
 'An soillse do chridh'-sa, Reul àluinn a' chuain.

---

## LAOIDH ROMH CHOMAINN.

1. Bha solus réil mu Bhethlehem  
 'Nuair rugadh Slànair dhuinn,  
 Tha solus caomh mu'n altair thall  
 'N t-aon Ios' 'tha maille ruinn.
2. 'S e Dia e, ged nach léir a ghèidh—  
 'S ann dh'fhàg e sin air nèamh—  
 'S gun tigcamaid na 's luaithe na chòir,  
 A dh'iarraidh 'réir ar feum.

3. Tha 'anam, 'fheadil is 'fhuil 'san làthair,  
Dh'ar sùilean ged nach léir;  
Ach creididh sinn a bhriathran fhéin  
D' a fhacals' co nach géill?
4. "S e so mo Chorp is cailis m' Fhuil;"  
B' iad sin na briathran binn,  
Air oidhche na suipreach deireannaich  
A labhair Iosa ruinn.
5. "Is thigeadh sibhse, 'tha sgùth ri saothair,  
"Is gheibh sibh fois an aigh;  
"Is thigeadh sibhs', tha leoint' is tinn,  
"Is gheibh sibh neart is slàinte.
6. "Se 'n t-aran a bheir mise dhuibh  
"M' fheoil phriseil fhein gu fìor,  
"Is gheibh sibh uile bhuam mar dhibh  
"An fhuil a dhòirt o m' chliabh.
7. "A chlann, nach éisd sibh m' fhàinte-sa,"  
Tha Criosta fhéin ag radh!  
"Murithsibhm' fheadil, 's muròl sibhm' fhuil,  
"Cha tiarnar sibh bho'n bhàs."
8. Cha n-airidh mis' thu 'thighinn, Ios',  
A stigh fo m' fhardaich thruaigh;  
Ach abair thus 'am facal, is  
Gheibh m'anam slàinte bhuat.



11  
X

